

TROBHAD AIR AIS ANN AN TÌM CEUD GU LETH BLIADHNA  
GUS TADHAL AIR MUINN'TIR BHAILE



# Flowerdale



## Tha thu air a' fhiathachadh

- tadhal air a' mhuileann gus obair nam figheadairean  
**FHAICINN**
- dol air ais don sgoil gus leasan  
**FHEUCHAINN**
- coinneachadh ri luchd a' mhargaidh agus am bathar aca a  
**BHLAISEADH**

Faigh a-mach tuilleadh mu bheatha ann an Alba ann an linn Bhictòria ann am fìor bhaile Bhictòrianach **FLOWERDALE**. 'S ann an 1822 a chaidh am muileann agus na ciad taighean sa bhaile a thogail agus bha daoine a' fuireach annta suas gu 1993. Nuair a dh'fhàg an teaghlach mu dheireadh, chaidh am baile a thoirt do dh'Urras Flowerdale gus a dhìon anns an àm ri teachd. Coinnich ris an t-sluagh Bhictòrianach againn agus thig air turas còmhla riutha far a bheil gach rud dìreach mar a bhiodh e ann an 1852.

## ÙR AIRSON 2008

### CARBADAN CUIBHLEACH AGUS SMÙID SHIÙBHLACH: DÒIGHEAN-SIUBHAIL NAM BHICTÒRIANACH

Dè an t-astar a ruigeas tu anns an taisbeanadh ùr againn? Sealladh air leth air dòighean-siubhail nam Bhictòrianach. Gach mìos bithear a' toirt sùil shònraichte air dòigh-siubhail diofraichte. Gabh cuairt ann an carbad no feuch nach tuit thu far traidhsagal; gus nach bi cùisean ro fhurasta dhut faodaidh tu aodach Bhictòrianach fheuchainn ort aig an aon àm!

Tha Urras Flowerdale na bhuidheann-charthannais (Àireamh SC0007823) a' coimhead às deidh a' bhaile le taic bho Alba Eachdraidheil. Tha teachd-a-steach an taisbeanaidh a' toirt taic don Urras ann a bhith a' dìon a' bhaile agus a' cruthachadh prògraman foghlaim. Le bhith a' tadhal oirnn tha thu a' cur ris an obair luachmhoir seo.

## UAIREAN-FOSGLAIDH 2008

Giblean gu Dàmhair: 10.00 – 16.00

Samhain gu Màrt: 12.00 – 16.00

Tha sinn dùinte Latha na Nollaige agus Latha na Bliadhn' Ùire. Tha uairean-fosglaidh ag atharrachadh thairis air an Nollaig agus a' Bhliadhn' Ùir; cuir fòn thugainn air an àireamh gu h-ìosal airson tuilleadh fiosrachaidh.

### A' CLÀRADH RO-LÀIMH

Tha sinn a' moladh gun clàraich thu ro-làimh airson dèanamh cinnteach nach caill thu an cothrom tadhal oirnn aig Flowerdale. Tha na loidhnichean-fòn againn fosgailte Diluain gu Dihaoine 9m – 5f agus Disathairne 10m – 4f. Feuch gum bi cairt-creideis ri làimh agus fios agad dè an ceann-latha agus an uair aig a bheil thu airson tadhal oirnn.



Airson fiosrachadh mun taisbeanadh no tachartasan sònraichte feuch [www.flowerdaleexhibition.com](http://www.flowerdaleexhibition.com) no cuir fòn thugainn air **02878 867683**.

FLOWERDALE, Geàrrloch, Siorrachd Rois IV6 9WT